



Teisteanais
Nàiseanta
2023

X832/77/12

Àrd-Ìre Adhartach

DIMÀIRT, 23 CÈITEAN

11:00 M – 12:40 F

Gàidhlig Litreachas agus Sgrìobhadh

Gàidhlig
Literature and Writing

Comharran gu lèir — 40

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharra

Feuch AON cheist.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharra

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 7 1 2 *

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharran

Freagair AON de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

Bàrdachd

1. 'Tha bàrdachd a' toirt oirnn a bhith a' smaoinichadh gu domhainn air cuspair(ean) sònraichte.'

Seall le bhith a' beachdachadh air co-dhiù aon phìos bàrdachd an ìre chun a bheil thu ag aontachadh leis an abairt seo.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, cuspair, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, structar, comhardadh . . .

20

Bàrdachd

2. 'Bidh bàrd sgileil a' gluasad faireachdainnean an leughadair le bhith a' cruthachadh tònna a tha sònraichte agus cumhachdach.'

Dèan coimeas eadar dà phìos bàrdachd mu bheil seo fìor agus beachdaich air dè am pìos as soirbheachaile.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, cuspair, taghadh-facail, suidheachadh, ìomhaigheachd, structar, comhardadh . . .

20

Nobhail

3. Seall mar a tha an suidheachadh ann an nobhail air a chur gu feum gus am plota agus na caractaran a thoirt beò.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, structar, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd, taghadh-facail, teachdaireachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

4. 'Tha an sgeulachd ghoirid sònraichte math airson a bhith a' toirt seachad teachdaireachd làidir agus buntainneach don leughadair.'

Seall gu mionaideach mar a chleachd sgrìobhadair diofar sgilean airson seo a dhèanamh gu soirbheachail agus mar a thug an teachdaireachd seo buaidh ort fhèin.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: caractar, suidheachadh, cuspair, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

5. Tagh dà sgeulachd ghoirid anns a bheil tachartas sònraichte a tha cudromach don phlota.
- Dèan coimeas air cho èifeachdach 's a bha iad seo do shoirbheachas gach sgeulachd.
- Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, caractar, àite, taghadh-facail, structar, plota, àirde, ìomhaigheachd . . .

20

Dràma

6. 'Tha filmichean, dràma, prògraman telebhisean no rèidio glè thric ag amas air cuspair sònraichte a chur fa chomhair an luchd-amhairc/èisteachd.
- Seall na diofar sgilean a chaidh a chleachdadh gus dèiligeadh ris a' chuspair.
- Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, prìomh sheallaidhean, àirde, labhairt, taghadh-facail, caractar no mar a chaidh innleachdan-film/na h-àrd-ùrlair a chleachdadh (leithid fuaime, solais . . .).

20

Rosg Neo-fhicsean

7. 'Tha litreachas neo-fhicsean cumhachdach air sgàth 's gur e an fhìrinn a tha ann.'
- Seall mar a tha am beachd seo fìor a thaobh teacsa a leugh thu agus na sgilean a chaidh a chleachdadh gus buaidh a thoirt ort.
- Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: guth an sgrìobhadair, suidheachadh, fiosrachadh, beachdan, sealladh, stoidhle, cànan, structar . . .

20

Diofar theacsaichean

8. Tagh dà sheòrsa teacsa eadar-dhealaichte (mar eisimpleir sgeulachd ghoirid agus bàrdachd) anns a bheil guth an sgrìobhadair cudromach.
- Dèan coimeas air an ìre 's gun deach guth a chleachdadh anns na diofar theacsaichean gus buaidh a thoirt air an leughadair.
- Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: caractar, suidheachadh, stoidhle, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh . . .

20

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharran

Feuch AON cheist.

Cuimhnich gu bheil cothrom agad na tiotalan a leanas a chleachdadh ann an dòigh sam bith. Dh'fhaodadh an aiste a bhith, mar eisimpleir: mac-meanmnaid, fiosrachail, beachdail, pearsanta no eile.

9. Gaol.
10. Spòrs.
11. An dàrna cothrom.
12. 'Tha dleastanas oirnn saorsa-labhairt a ghleidheadh.'
13. Stoirm air fàire.
14. Smuaintean domhainn.
15. 'Bu chòir ceangal nas dlùithe a bhith againn ri nàdar.'
16. 'Dìreach mìorbhaileach'.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]